



OFFICIAL REPORT
AITHISG OIFIGEIL

DRAFT

Comataidh Sgrùdadh Poblach

Diardaoin 13 Faoilleach 2022

Seisean 6



The Scottish Parliament
Pàrlamaid na h-Alba

© Còir-lethbhreac phàrlamaideach. Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba

Gheibhear fios mu phoileasaidh còir-lethbhreac Pàrlamaid na h-Alba air an làraich-lìn - www.parliament.scot no le bhith a' cur fios gu Fiosrachadh a' Phobaill air on 0131 348 5000

Diardaoin 13 Faoilleach 2022

CLÀR-INNSE

	Col.
CO-DHÙNADH AIR GNOTHACH A GHABHAIL GU PRÌOBHAIDEACH	1
AITHISG EARRAINN 22: “SGRÙDADH AIR BÒRD NA GÀIDHLIG AIRSON 2020/21”	2

COMATAIDH SGRÙDADH POBLACH

1^d Coinneamh 2022, Seisean 6

CATHRAICHE

*Ridseard Leonard (Meadhan na h-Alba) (Làb)

LEAS-CHATHRAICHE

*Sharon Dowey (Alba a Deas) (Tòr)

BULL NA COMATAIDH

*Cailean Beattie (Lodainn Mheadhanach a Tuath agus Baile nam Feusgan) (SNP)

*Craig Hoy (Alba a Deas) (Tòr)

*Uilleam Ó Cobhthaigh (Cille Mheàrnaig agus Srath Irbhinn) (SNP)

*an làthair

GHABH NA LEANAS PÀIRT CUIDEACHD:

Stephen Boyle (Àrd-neach Sgrùdaidh na h-Alba)

Joanne Brown (Grant Thornton UK LLP)

Graeme Greenhill (Sgrùdadh Alba)

Leigh Johnston (Sgrùdadh Alba)

Pat Kenny (Deloitte LLP)

CLÀRC NA COMATAIDH

Lynn Russell

ÀITE

Coinneamh bhiortail

Pàrlamaid na h-Alba

Comataidh Sgrùdadh Poblach

Diardaoin 13 Faoilleach 2022

[Thòisich an Neach-gairm a' choinneamh aig 09:15]

Co-dhùnadh air Gnothach a Ghabhail gu Prìobhaideach

An Neach-gairm (Ridseard Leonard): Madainn mhath. Fàilte oirbh uile chun na ciad choinneimh ann an 2022 den Chomataidh Sgrùdadh Poblach.

'S e a' chiad rud air a' chlàr-gnothaich againn beachdachadh am bu chòir nithean 4 agus 5 air a' chlàr-gnothaich a ghabhail gu prìobhaideach. Saoilidh mi gun aontaich a h-uile duine ri sin a dhèanamh, ach ma tha cuideigin nach eil ag aontachadh, feuch an innis sibh sin le bhith a' togail bhur làimhe.

Chan eil mi a' faicinn làmhnan sam bith an-àirde, agus mar sin tha a' chomataidh ag aontachadh nithean 4 agus 5 a ghabhail gu prìobhaideach.

Aithisg Earrainn 22: "Sgrùdadh air Bòrd na Gàidhlig airson 2020/21"

09:16

An Neach-gairm: 'S e an dàrna nì air a' chlàr againn beachdachadh air aithisg Sgrùdadh Alba, "Sgrùdadh 2020/21 air Bòrd na Gàidhlig". Tha mi a' cur fàilte air ar luchd-fianais chun na coinneimh. Seo agaibh Stephen Boyle, Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba; Graeme Greenhill, a tha na àrd-mhanaidsear airson sgrùdadh coileanaidh agus luach as fheàrr aig Sgrùdadh Alba; agus Pat Kenny, a tha na stiùiriche sgrùdaidh aig Deloitte PPE.

Tha mi a-nis dol a dh'iarraidh air an Àrd-neach-sgrùdaidh aithris fosglaidh a dhèanamh.

Stephen Boyle (Àrd-neach Sgrùdaidh na h-Alba): Madainn mhath, a neach-gairm agus buill na comataidh. Tha mi a' cur na h-aithisge seo air bhur beulaibh de ar sgrùdadh 2020-21 air Bòrd na Gàidhlig fo earrann 22 den Achd Ionmhas Poblach is Cunntachalachd (Alba) 2000.

Dh'fhoillsich an t-Àrd-neach-sgrùdaidh a bh' ann roimhe aithisg air sgrùdadh a' Bhùird 2018-19, a chomharraich grunn raoinean airson leasachadh ann an stiùireadh ceannardas is riaghladh a' Bhùird. Tha an aithisg agam air sgrùdadh 2020-21 a' leigeil fhaicinn gu bheil am bòrd air dèiligeadh gu math ris na draghan a bh' ann roimhe. Tha iad air structar a sgioba-stiùiridh atharrachadh agus air comas riaghlaidh a bharrachd a thoirt a-steach.

A-nis tha plana sgioba-obrach ann a tha a' ceangal ri plana corporra a' bhùird agus a' comharrachadh feumalachdan sgioba-obrach san àm ri teachd. Tha an àireamh de bhuill neo-ghnìomhach air a' bhòrd air a dhol sìos, agus chaidh dèiligeadh ri beàrnan sgilean a chaidh a chomharrachadh roimhe seo tro bhith a' fastadh dithis bhall bùird ùr aig a bheil eòlas ionmhais iomchaidh.

Tha riaghailtean agus dleasan an àrd-sgioba stiùiridh, a chomataidhean, am bòrd agus sgiobaidhean taic maoinachaidh a-nis nas soilleire, às dèidh trèanadh a bharrachd. Chaidh sgrìobhainn frèam-obrach a' bhùird le Riaghaltas na h-Alba ùrachadh.

Tha fosgarrachd agus follaiseachd mòran nas fheàrr. Tha a h-uile coinneamh comataidh is bùird a-nis air an cumail gu poblach, le coinneamhan gan sanasachd ro-làimh air na meadhanan sòisealta. Tha cuideachd gnìomhan conaltraidh luchd-ùidh cunbhalach ann le buidhnean Gàidhlig eile.

'S e buidheann leasaichte a th' ann am Bòrd na Gàidhlig an-diugh an taca ris an tè a bha na cuspair "Sgrùdadh 2018/19 air Bòrd na Gàidhlig: Riaghladh agus follaiseachd". Tha sinn toilichte mu cho luath 's a chaidh dèiligeadh ri draghan. Leis gu bheil dùbhlain fhad-ùine fa chomhair a' bhùird, tha e coltach nach nochd làn bhuannachdan nan leasachaidhean air a bheil sinn ag aithris gus am bi ùine air a dhol seachad. Air an adhbhar sin tha e cudromach gun cum am bòrd sùil air na h-atharrachaidhean a dh'fhaicinn a bheil iad a' libhrigeadh bhuannachdan fad-ùine le buaidhean a ghabhas tomhas, agus gun gabh iad ceuman iomchaidh, far a bheil sin riatanach.

Mar as àbhaist, nì Pat Kenny, Graeme Greenhill agus mi fhìn ar dìcheall ceistean na comataidh a fhreagairt.

An Neach-gairm: Mòran taing airson bhuair n-aithris fosglaidh. Tha ceist no dhà agam fhìn, mus iarr mi ceistean bho bhuiill eile den chomataidh.

Is fhiach sealltainn air ais air cùisean ann an 2018-19. Bha co-dhùnaidhean aithisg 2018-19 a-mach air

"ceannas neo-èifeachdach, dìth phlanadh sgioba-obrach ceart, dìth soilleireachd mu dhleasan agus dreuchdan agus droch dhàimhean agus droch cultar buidhne",

a bha ann chun na h-ìre gun tuit an neach-sgrùdaidh, ann a bhith a' toirt seachad fianais don t-seann Chomataidh Sgrùdadh Poblach:

"A thaobh nan co-dhùnaidhean agus nam molaidhean, chan urrainn dhomh smaoinichadh air aithisg eile a tha air cùisean cho cudromach a thogail fhad 's a bha mi san dreuchd seo."—[*Aithisg Oifigeil, Comataidh Sgrùdadh Poblach agus Iar-reachdail Pàrlamaid na h-Alba*, 16 Faoilleach 2020; c 21.]

Tha sin na chàineadh làidir air staid chùisean.

Nuair a thionndaidheas sinn chun na h-aithisg a tha dìreach air a foillseachadh, chì sinn gu bheil coltas ann air leasachadh mòr. Is e seo a' chiad cheist a th' agam: dè a tha air cruth-atharrachadh den leithid seo a bhrosnachadh sa bhuidhinn?

Stephen Boyle: Tha mi ag aontachadh an toiseach leis an neach-gairm agus ag aithneachadh gun robh an aithisg air sgrùdadh 2018-19, air an do bheachdaich an t-seann chomataidh, air leth cudromach agus dùbhlannach, agus gun robh i a' càineadh raon farsaing de rèiteachaidhean sa bhuidhinn. Bheir Pat Kenny, tha mi cinnteach, a bheachdan seachad air na diofar nithean air cùl sin tron mhadainn.

A thaobh rud a bha na bhrosnachadh, chan eil teagamh sam bith nach faod sgrùdadh poblach ann fhèin—a' gabhail a-steach obair na Pàrlamaid agus nan comataidhean aice, agus aithisgean earrann 22—a bhith nan inneal airson leasachaidhean ann an coileanadh. Mar a thuir sinn anns na beachdan againn, tha sinn fìor

thoilichte gur e sin an fhreagairt do aithisgean earrann 22 a bh' ann roimhe; tha sinn toilichte an t-adhartas a thathas a' dèanamh fhaicinn.

Chan eil an t-adhartas sin dìreach air sgàth sreath atharraichean beaga a-mhàin. Nuair a sheallas sinn air meud nam molaidhean—bha còrr is 40 moladh a dh'iarr còrr is 70 gnìomh—chì sinn gun do rinn am Bòrd oidhirp mhòr. Tha e air toraidhean an sgrùdaidh a chleachdadh agus air obrachadh ann an com-pàirteachas leis an Riaghaltas agus luchd-ùidh, a tha air ciallachadh gu bheil e na bhuidheann a chanadh sinne a tha a-nis a' coileanadh mar a bu chòir. Tha grunn nithean—gun teagamh a' gabhail a-steach obair chruaidh Bhòrd na Gàidhlig agus a' bhòrd-stiùiridh—air cùl sin.

Ach, tha rabhadh agam. 'S e a tha cudromach gur e a' bhuannachd san fhad-ùine—am bòrd ag obair gu math agus a' libhrigeadh airson coimhearsnachd na Gàidhlig—a thig às a' bhuidhinn sa gheàrr-ùine. Tha iad a-nis san t-suidheachadh san robh còir aca a bhith sa chiad àite. Tha e cudromach gun cleachd iad an leasachadh sin gus libhrigeadh a h-uile càil a tha ri dhèanamh airson coimhearsnachd na Gàidhlig san dùthaich.

An Neach-gairm: Ma tha Graeme Greenhill no Pat Kenny airson a thighinn a-steach uair sam bith, bu chòir dhaibh R a chur anns a' bhogsa còmhraidh—ged a tha mi cinnteach gun toir an t-Àrd-neach-sgrùdaidh a-steach iad.

Gu tric, is e an rud a tha deatamach ann am buidheann chan e a-mhàin gu bheil iad a' dèanamh atharrachadh, ach gun cum iad ris an atharrachadh sin. Is e aon de na rudan a tha mi a' toirt fa-near bhon aithisg gun do chuir am bòrd eòlaiche air riaghladh atharrachaidh an dreuchd ann an 2021-22 gus

"an dòigh-obrach a tha a' leasachadh a dhaingnachadh a thaobh leasachadh leantainneach agus cumail suas astar an atharrachaidh",

a tha dha-rìribh a' buntainn ris a' phuig agam. A bheil fastadh an eòlaiche stiùireadh atharrachaidh bhon taobh a-muigh sin maireannach? Ma tha, cò air a bu chòir dhaibh prìomhachas a chur anns na mìosan agus na bliadhnaichean a tha romhainn?

Stephen Boyle: Tha mi toilichte toiseachadh air sin. Iarraidh mi an uair sin air Pat Kenny a thighinn a-steach gus cur ris an fhreagairt agam.

Mar a thuigeas sinne a' chùis, chan e dreuchd mhaireannach a tha sin do Bhòrd na Gàidhlig, agus chan e rud mì-reusanta a th' ann an sin, air sgàth nach e buidheann mhòr a th' ann. A dh'aindeoin nan dùbhlain a tha sinn air aithris roimhe, is e buidheann gu math beag a th' ann a thaobh na h-àireimh de dhaoine tha gam fastadh. Nuair—mar a tha sinn an dùil—a gheibh Bòrd na Gàidhlig iad fhèin gu suidheachadh far a bheil iad nam buidheann sheasmhach de dh'àrd-

choileanadh, faodaidh iad beachd a ghabhail air an fheum air taic bhon taobh a-muigh iarraidh.

Tha mi a' tuigsinn gur e seirbheis comhairleachaidh a th' anns an t-seirbheis a tha am bòrd a' cleachdadh a tha air taic a thoirt do libhrigeadh nam molaidhean a chaidh a chomharrachadh bho sgrùdaidhean roimhe. Tha am bòrd a' tòiseachadh a' gluasad air adhart leis na tha sin a' ciallachadh do phlanaichean fad-ùine a thaobh—bruidhnidh sinn mu dheidhinn seo san aithisg—a' phlana chorporra, ceanglaichean ris an sgioba-obrach agus planaichean ionmhais. Canaidh Pat Kenny beagan a bharrachd mu na chunnaic e agus mu na beachdan aige air mar a tha an rèiteachadh ag obair.

Pat Kenny (Deloitte LLP): Rinn sinn a' chiad mholadh gum bu chòir don bhòrd beachdachadh air riaghladh atharrachaidh fhaighinn bhon taobh a-muigh o chionn trì bliadhna. Shaoil sinn gun robh sin glè chudromach airson leasachadh leantainneach a libhrigeadh. Tha seo air eadar-dhealachadh mòr a dhèanamh, gu sònraichte a thaobh mar a bhios a' bhuidheann a' conaltradh leis an luchd-ùidh agus a' riaghladh a' phròiseas atharrachaidh. Tha e air cleachdadh fìor mhath a thòiseachadh airson dèanamh cinnteach gu bheil buannachdan iomairtean atharrachaidh air an libhrigeadh agus air an toirt gu buil sa bhuidhinn.

Is e taic bho luchd-comhairleachaidh a th' ann; chan eil e dol a leantainn san fhad-ùine. Bhithinn an dùil gun cumadh a' bhuidheann sin fo sgrùdadh; tha fios agam gur e sin a tha iad a' dèanamh. Tha e glè chudromach gur e sin a ni iad, gus dèanamh cinnteach gun lean iad air an t-slighe a dh'ionnsaigh a bhith cho faisg air an luchd-cleachdaidh 's a ghabhas. Saoilidh mi gur e sin an rud as cudromaiche don bhuidhinn anns na beagan bhliadhnaichean a tha romhainn.

An Neach-gairm: Tha an aithisg a-mach air "buidheann-stiùiridh plana leasachaidh". A bheil dùil gun lean e air adhart airson greis fhathast no a bheil ùine cuibhrichte dha seo cuideachd? Tha mi a' toirt cuireadh dha Pat freagairt. Faodaidh sinn an uair sin a' cheist a leudachadh a-mach, ma tha beachdan aig daoine eile.

Pat Kenny: Tha a' bhuidheann sin air atharrachadh agus is e a' bhuidheann-stiùiridh airson leasachadh leantainneach a th' air a-nis. Tha seo cudromach; a-rithist, tha e mu dheidhinn a' phròiseis a bhith a' stèidheachadh leasachadh leantainneach sa bhuidhinn. Tha mi gu cinnteach a' faicinn na buidhne sin a' leantainn sa a' mheadhan-ùine. Tha an gluasad sin gu leasachadh leantainneach air leth cudromach san t-slighe atharrachaidh.

An Neach-gairm: A-rithist tha mi airson a ràdh ma tha duine sam bith ag iarraidh tighinn a-steach,

gum bu chòir dhaibh dìreach R a chur sa bhogsa còmhraidh.

Cuiridh mi crìoch air an earrainn seo de cheistean. A bheil am plana leasachaidh leantainneach san raon phoblach, ri fhaighinn agus ruigsinneach, gu sònraichte do muinntir na coimhearsnachd aig a bheil ùidh ann an obair a' bhùird?

Tòisichidh mi le Pat a-rithist.

Pat Kenny: Tha. Tha am plana leasachaidh gu math follaiseach ann an diofar phàirtean de dh'aithisg bhliadhnail a' bhùird. Thathar cuideachd a' cumail sùil gheur air mar a tha iad a' coileanadh a thaobh amas a' phlana leasachaidh. Tha faicsinneachd, follaiseachd agus fosgarrachd a' phlana leasachaidh math.

An Neach-gairm: Chaidh fosgarrachd agus follaiseachd a chomharrachadh roimhe seo mar chùisean dragh air ais ann an 2018-19, agus mar sin tha ùidh againn annta fhathast.

Tha a' cheist mu dheireadh agam a' dol air ais gu na 72 gnìomh a thàinig a-mach às na molaidhean, air an tug an t-Àrd-neach-sgrùdaidh iomradh. De na 72, chaidh 71 a chur an gnìomh. Ach, le nàdar na Comataidh Sgrùdadh Poblach mar a tha e, tha mi airson faighneachd mun 72mh gnìomh, nach deach a bhuileachadh gu ruige seo. An urrainn dha cuideigin mìneachadh carson a tha dàil ann leis? An e dìreach ceist ùine a th' ann; a bheil e an urra ri cùisean eile? Dè an t-adhbhar? Tha mi a' faighneachd gus am bi tuigse nas fheàrr againn air a' ghnìomh a tha fhathast ri choileanadh.

Stephen Boyle: Tha mise toilichte tòiseachadh air sin. Tha mi cinnteach gum bi Pat airson a thighinn a-steach cuideachd.

Mas math mo chuimhne, buinidh an gnìomh a tha fhathast ri dhèanamh ri conaltradh le coimhearsnachd na Gàidhlig air planaichean a' Bhùird airson an ama ri teachd. Chan e gnìomh beag seagh a th' ann, ged a tha mi a' smaoinichadh gu bheil e taobh a-staigh na h-ùine a bhathas an dùil gun deigheadh a chrìochnachadh, mar phàirt den phlana. Chan eil e fadalach, saoilidh mi, ma smaoinicheas tu air mar a tha Covid air buaidh a thoirt air comas a' bhùird agus an luchd-ùidh a bhith an sàs le chèile.

Mar as àbhaist leis an obair sgrùdaidh againn, leanaidh sinn oirnn a' cumail sùil air. Nì Pat Kenny sin rè an sgrùdaidh aige airson 2021-22, agus cumaidh sinn oirnn a' toirt cunntas poblach air adhartas.

Saoilidh mi, a neach-gairm, gur e adhartas iongantach a th' ann an 71 a-mach à 72 gnìomh, leis gun robh, mar a thuir sibh san ro-ràdh agaibh, tòrr obrach ri dhèanamh. Tha an gnìomh a tha air fhàgail cudromach agus tha e cudromach gun tèid

a choileanadh. Faodaidh Pat dearbhadh a bheil mo thuigse ceart.

09:30

Pat Kenny: Tha; 's e dìth ùine as coireach nach deach an gnìomh a th' air fhàgail a dhèanamh fhathast, mar a thuir an neach-gairm. Tha e co-cheangailte ris na h-aontaidhean maoinichaidh ioma-bliadhna, a tha airson trì no còig bliadhna. Mhol sinn gum bu chòir prìomh chomharran coileanadh soilleir a bhith ann agus co-thaobhadh soilleir ris a' phlana chorporra gus am b' urrainn dhuinn sùil a chumail air na builean a tha na h-aontaidhean maoinichaidh ioma-bliadhna a' libhrigeadh. A thaobh ùine, thèid am moladh a chur an gnìomh a rèir nan ath-cho-rèiteachaidhean air na h-ullachaidhean maoinichaidh ioma-bhliadhna, agus mar sin tha e reusanta gu leòr nach eil an gnìomh fhathast air a dhèanamh.

An Neach-gairm: Tha barrachd cheistean againn air conaltradh, a thig am bàrr nas fhaide air adhart san t-seisean fianais. Tha ceistean aig Cailean Beattie mu sgrùdadh a' bhùird.

Cailean Beattie (Lodainn Mheadhanach a Tuath agus Baile nam Feusgan) (SNP): Àrd-neach-sgrùdaidh, mar thoradh air aithisg 2018-19, chaidh an àireamh de bhuill neo-ghnìomhach a' bhùird sìos bho 11 gu seachd. Tha aithisg earrainn 22 2020-21 ag ràdh

“Tha beachdachadh air comas buill a' Bhùird na chùis leantainneach don Bhòrd, leis an uallach obrach a tha co-cheangailte ris an dreuchd.”

An urrainn dhut soilleireachadh dè tha an lùib an uallach obrach? A bheil sin air sgàth gun deach an àireamh de bhuill neo-ghnìomhach a' bhùird sìos gu mòr?

Stephen Boyle: Tha mise toilichte tòiseachadh. Tha mi cinnteach gum bi Pat Kenny airson freagairt cuideachd.

Tha sibh ceart gun do thog aithisg 2018-19 agus seiseanan fianais draghan mun sgrùdadh a bha am bòrd a' gabhail os làimh. Dh'fhaighnich sinn fhìn agus am bòrd gu sònraichte an robh na sgilean ceart rin lorg air. Tha sgilean ceangailte gu soilleir ri comas bùird a dhleastanasan sgrùdaidh a choileanadh. Tha sinn air leasachaidhean fhaicinn ann an sgrùdadh agus ann an ceanglaichean ris na sgilean a dh'fheumadh iad gus na gnìomhan sin a choileanadh gu math. Tha am bòrd air buill ùra a' bhùird leis na sgilean ionmhais iomchaidh a thoirt a-steach gus dèiligeadh ris a' bheàrn sgrùdaidh a chaidh aithris roimhe. Aig an aon àm, tha iad air an àireamh de bhuill bùird a lùghdachadh.

Chan eil beachd againn a thaobh na h-àireimh de bhuill a bu chòir a bhith air bòrd sònraichte; aig a' cheann thall, 's e cùis a tha sin a bu chòir don

bhuidhinn phoblacih a dheasbad le Riaghaltas na h-Alba agus na sgiobaidhean taic maoinichaidh iomchaidh. Bidh Mgr Beattie air faicinn thar nam bliadhnaichean nach eil an àireamh de bhuill a tha air bòrd na chomharra deimhinneach air cho soirbheachail 's a bha e ann a bhith a' coileanadh a dhleastanasan sgrùdaidh.

Buinidh sin don chuspair mu dheireadh a thog mi anns an aithris fosglaidh agam. Is dòcha gu bheil e ro thràth co-dhùnaidhean deimhinnte a dhèanamh mu riaghladh agus sgrùdadh san fhad-ùine. Tha sinn a' cur fàilte air an adhartas a chaidh a dhèanamh a thaobh riaghladh agus sgrùdadh, agus chaidh gnìomhan a dhèanamh a thaobh fèin-mheasadh agus measadh bhon taobh a-muigh air obair a' bhùird agus na comataidhean aige. Tha sinn a' faighinn deagh chomharran orra sin uile, ach bhithinn leisg a thaobh co-dhùnaidhean deimhinnte a dhèanamh gum bi a h-uile càil gu math san fhad-ùine. Tha e cudromach gun tèid an suidheachadh a sgrùdadh gu cunbhalach. Tha bunait aig a' bhòrd a-nis airson a dhol air adhart le riaghladh nas èifeachdaiche na chunnaic sibh ann an 2018-19.

Cailean Beattie: Tha sibh a' comharrachadh anns an aithisg as ùire gu bheil

“Comas buill a' Bhùird na chùis leantainneach don Bhòrd, leis an uallach obrach a tha co-cheangailte ris an dreuchd.”

Dè an t-uallach obrach anabarrach a th' aca?

Stephen Boyle: Bidh uallach obrach ball bùird sam bith an-còmhnaidh a' gabhail a-steach beachdachadh air pàipearan, frithealadh choinneamhan, a' cur gu h-iomchaidh ri ro-innleachd a' bhùird agus a' lorg a' chothromachaidh agus an t-suidheachaidh cheart airson buill a' bhùird an coimeas ri luchd-gnìomh.

Mar a chì a' chomataidh—a thaobh na buidhne seo agus feadhainn eile—ma tha dìth soilleireachd ann mu chriochan obrach bhall gnìomhach an coimeas ri buill neo-ghnìomhach, faodaidh sin uaireannan uallach obrach nam ball neo-ghnìomhach a chur am meud. Tha e cudromach gu bheil an sgioba-gnìomha agus buill neo-ghnìomhach agus an sgioba taic maoinichaidh uile soilleir mu cò air a tha uallach airson dè.

Ged a dh'fhaodadh dùbhlain leantainneach a bhith ann mu chomas no uallach obrach, chan eil sinn san aithisg a' togail sin mar fhior chùis iomagain don chomataidh. Is e ar beachd san fharsaingeachd, às dèidh dhaibh tasgadh a dhèanamh ann an sgilean agus comas a bharrachd—gu sònraichte na sgilean ionmhais a bha a dhith, mar a chaidh a chomharrachadh ann an aithisgean roimhe seo—gu bheil bunait nas làidire aig a' bhòrd a-nis airson a dhol air adhart. Gun teagamh feumaidh iad fhathast sùil a chumail air cùisean comais, ach chan eil sinn ag ràdh gu

bheil sin nas cudromaiche na na leasachaidhean iomlan air a bheil sinn a' toirt iomradh.

Cailean Beattie: Chaidh am bòrd sìos bho 11 gu seachd. Bha còignear de bhuill a' bhùird an làthair ann an 2018-19, agus mar sin chan eil atharrachadh sam bith air a thighinn air an stòr sgilean. Is e na tha air tachairt gu bheil dithis—le “eòlas ionmhais iomchaidh,” tha e ag ràdh san aithisg—air an toirt a-steach. Ciamar a tha sin a' cothromachadh nan sgilean san fharsaingeachd le sgilean nan còignear bhall eile?

Stephen Boyle: Sin aon phàirt dheth. Tha toirt a-steach sgilean ùra air diofar mòr a dhèanamh. Faodaidh Pat Kenny tighinn a-steach sa mhionaid agus bruidhinn air cuid den mhion-fhiosrachadh, agus faodaidh e barrachd a ràdh mu eachdraidh nam ball ùra. Le bhith a' faighinn bhall ùra sam bith le sgilean iomchaidh bidh sin ag atharrachadh dìonamaig bùird, a' toirt cothrom dha na buill ionnsachadh bho chèile. Tha sinn an dùil gur e sin pìos de na tha sinn a' faicinn an seo.

'S e an rud eile air an toirinn iomradh, gu bheil am bòrd air nàdar nan comataidhean aca atharrachadh. Tha iad air measadh a dhèanamh air na comataidhean, a tha a-nis ag obair le frèam-sgrìobhainn ath-sgrùdaichte, agus tha buill air trèanadh fhaighinn mu an dreuchdan agus an dleastanasan. Nar beachd-sa, sin bunait chothroman airson riaghladh nas fheàrr. Tha an àireamh de bhuill bùird agus na sgilean aca mar phàirt den dealbh. Nuair a bheir sinn a-steach measadh air mar a tha riaghladh a' bhùird agus na comataidhean air a bhith ag obair, le measadh bhon taobh a-muigh air sin, còmhla ris an fhrèam-sgrìobhainn ùr, tha sinn uile a' faireachdainn gu bheil measgachadh de nithean ann a tha air cur ris an leasachadh a tha sinn a' faicinn.

Bheir mi Pat Kenny a-steach, gus an urrainn dha cunntas a thoirt air an eadar-obrachadh aige fhèin leis a' bhòrd agus am measadh a rinn e air na co-dhùnidhean a rinn e.

Pat Kenny: Tha cùl-fhiosrachadh ionmhais cathraiche ùr na comataidh sgrùdaidh is dearbhachd na dheagh eisimpleir. Tha e na neach-cunntais le teisteanas agus tha e air eadar-dhealachadh mòr a dhèanamh ann an riaghladh iomlan agus stiùbhardachd ionmhais na buidhne. Tha sin air a bhith air leth math, agus tha e air eadar-dhealachadh mòr a dhèanamh a thaobh riaghladh na buidhne san fharsaingeachd.

Is e a' phrìomh phuing a dhèanainn, ann a bhith a' toirt taic do bheachdan an Àrd-neach-sgrùdaidh, gun robh an lùghdachadh bho 11 gu seachd buill bùird na lùghdachadh susbainteach, agus 's e prìomh bheachd na h-aithisge gu bheil e cudromach gun cùm am bòrd uallach obrach buill a' bhùird fo sgrùdadh cunbhalach, leis gu bheil atharrachadh susbainteach ann. Mar a tha

Stephen Boyle ag ràdh, chan eil sinn a' togail cùis iomagain sam bith aig an ìre seo, agus cumaidh mi sùil air a' ghnòthach gu cunbhalach san sgrùdadh san àm ri teachd.

Cailean Beattie: Tha sibh air cuideam a chur air nach eil sibh a' togail cùis iomagain ach, ann an dòigh, sin a tha sibh a' dèanamh, le bhith ag ainmeachadh san aithisg gu bheil a' chùis seo na adhbhar dragh don bhòrd. An urrainn dhuibh dearbhadh nach eil comas a' bhùird na chunnart aig an àm seo?

Stephen Boyle: Faodaidh Pat Kenny tighinn a-steach air seo cuideachd. Chan eil sinn a' comharrachadh sin, leis na h-atharrachaidhean farsaing a chaidh a dhèanamh, tro shoilleireachadh air dreuchdan agus uallaichean, trèanadh bùird, fèin-mheasadh agus am frèam-sgrìobhainn ath-sgrùdaichte air an tug sinn iomradh, agus tha ceumannan gu leòr ann a-nis airson riaghladh a' bhùird a bhith ag obair gu h-èifeachdach.

Is ann a thug sinn beachd air an lùghdachadh san àireamh de bhuill bùird agus an t-uallach obrach co-cheangailte ris airson an suidheachadh san fharsaingeachd a chur an cèill. Bhiodh e iomchaidh do bhuidhnean poblach uile sùil a chumail air sin agus ath-sgrùdadh a dhèanamh air gu leantaileach. Ach chan eil sinn a' meas sin mar chùis iomagain a thaobh comas Bhòrd na Gàidhlig a bhith ag obair gu h-èifeachdach.

Cailean Beattie: Airson a chur nas sìmplidh, a bheil sibh a' smaoinichadh gu bheil comas a' bhùird na chunnart dha?

Stephen Boyle: Chan eil, chan eil sinn ag ràdh gu bheil comas a' bhùird ann an cunnart. Tha mi a' dèanamh mo dhìcheall gus seo a chumail sìmplidh. Le 11 ball bùird, bha riaghladh Bhòrd na Gàidhlig na bu laige na tha e leis an t-seachdnar bhall a th' aca an-dràsta. Tha an riaghladh aca nas làidire, ged a tha bòrd nas lugha aca, agus tha bunait nas làidire aca airson deagh riaghladh èifeachdach san àm ri teachd.

Cailean Beattie: Tha sin na adhbhar misneachd.

Ann an aithisg earrainn 22 2018-19, chaidh draghan a thogail nach robh an seann chathraiche a' dèanamh measadh coileanaidh bliadhnaile air buill a' bhùird. An urrainn dhuibh dearbhadh a bheil sin a' tachairt a-nis?

Stephen Boyle: Tionndaidhidh mi gu Pat Kenny airson fiosrachadh às ùr a thoirt don chomataidh air a' phuing sin.

Pat Kenny: Is urrainn, is urrainn dhomh an dearbhadh sin a thoirt dhuibh, a Mhgr Beattie. Tha e a' tachairt a-nis.

Cailean Beattie: Tha sin math.

Is e ceithir bliadhna an teirm àbhaisteach san dreuchd airson ball neo-ghnìomhach den bhòrd, ach faodar faid nan dreuchdan atharrachadh airson adhbharan leantail. Cuin a tha dùil gun tòisich am pròiseas fastaidh airson bhall ùra?

Stephen Boyle: Chan eil mi cinnteach a bheil am fiosrachadh sin agam, ach tha sibh ceart gur e ceithir bliadhna an teirm àbhaisteach agus, mar a tha sibh ag ràdh, gu bheil cothrom ann buill a' bhùird a th' ann mar-thà a bhith air an ath-shuidheachadh airson adhbharan leantail ma tha sin a' freagairt air a' bhall agus na h-ullachaidhean airson dreuchdan poblach.

Faighnichidh mi dha Pat Kenny a bheil am fiosrachadh sin aige. Mura h-eil, faodaidh sinn tilleadh chun na comataidh leis.

Pat Kenny: Chan eil, chan eil am fiosrachadh sin agam, Àrd-neach-sgrùdaidh.

Cailean Beattie: Ceart ma-thà. Nam b' urrainn dhuibh a thighinn air ais thugainn leis an fhiosrachadh sin, bhiodh e feumail.

Stephen Boyle: Gu dearbh.

An Neach-gairm: Gluaisidh sinn air adhart gu ceistean mu cheannas, a dh'ainmich an aithisg earrainn 22 mu dheireadh mar chùis dragh.

Craig Hoy (Alba a Deas) (Tòr): Is e Bòrd na Gàidhlig a' phrìomh bhuidheann phoblach airson leasachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh. Tha sinn a' toirt fa-near nach eil dreuchd ceannard conaltraidh is adhartachaidh, a bha bàn roimhe seo, air a thoirt a-steach don structar sgioba-stiùiridh ùr. Is e gnìomh cudromach a tha sin. Cò a tha a-nis an urra ris an obair sin aig àrd-ìre? A bheil sibh comhfurtaidh leis a' cho-dhùnadh sin, Àrd-neach-sgrùdaidh?

Stephen Boyle: Aig a' cheann thall, 's e àrd-oifigear a' bhùird an t-oifigear cunntachail agus aig a bheil uallach airson coileanadh a' bhùird a thaobh a dhleastanasan, aithris phoblach agus aithris don Phàrlamaid.

Aig taisbeanadh 1 de dh'aithisg earrainn 22, mhinich sinn an structar ath-sgrùdaichte. Tha sinn air aithris air structar sgioba-gnìomha nas lugha aig a bheil an Ceannard os an ceann agus a tha a' gabhail a-steach stiùiriche foghlam Gàidhlig agus stiùiriche planadh cànan agus leasachadh coimhearsnachd, còmhla ri ceann an ionmhais agus nan seirbheisean corporra.

Dh'fhaighnich sibh an robh mi cofhurtail leis an structar sin. Aig a' cheann thall, tha e an urra ris a' bhuidhinn a structar fhèin a dhearbhadh agus an dòigh as fheàrr air a dhleastanasan a choileanadh. Tha Bòrd na Gàidhlig air ath-sgrùdadh a dhèanamh air an structar aca agus, gu ìre, air dèiligeadh ri co-dhùnaidhean aithisgean sgrùdaidh roimhe gun robh dìth comais agus co-

leanailteachd aig ìre stiùiridh. Tha a' bhuidheann air tasgadh a dhèanamh chan ann a-mhàin ann an sgioba-stiùiridh atharraichte ach ann am barrachd comais aig ìre nas ìsle. Tha na dleastanasan conaltraidh aig a' cheannard aig a' cheann thall agus tha mi a' gabhail ris—nì mi cinnteach ma dheidhinn le Pat Kenny a-rithist—gu bheil na dleastanasan aig ìre sgioba-stiùiridh a-nis an urra ris an stiùiriche planadh cànan.

Mar as àbhaist, Mgr Hoy, bidh e an urra ri soirbheachas nan rèiteachaidhean sin. Feumaidh am bòrd sealltainn gu bheil iad a' coinneachadh gu h-èifeachdach ri riatanasan coimhearsnachd na Gàidhlig agus gu bheil an structar aca a' cumail sùil gheur agus leantainneach air sin.

Is dòcha gum bi Pat Kenny airson beachd a thoirt seachad air an eadar-obrachadh aige leis an sgioba-stiùiridh.

Pat Kenny: Chaidh oifigear conaltraidh fhadhadh às ùr aig an ath ìre de riaghladh, a tha air diofar mòr a dhèanamh a thaobh mar a bhios a' bhuidheann a' conaltradh ris an luchd-obrach agus an luchd-ùidh. Mhothaich sinn leasachadh mòr ann an com-pàirt luchd-obrach, mar eisimpleir, a tha a-nis aig 87 sa cheud agus gu math nas àirde na bha e—tha mi a' smaoinichadh gu bheil sin nas àirde na cuibheasachd na seirbheis catharra. Bho thàinig an t-oifigear conaltraidh ùr a-steach, tha conaltradh le luchd-ùidh bhon taobh a-muigh air a thighinn air adhart gu mòr, agus cuideachd cleachdadh nam meadhanan sòisealta. Tha mòran den fhòcas air a bhith air a stiùireadh leis an dreuchd ùr, a tha air diofar mòr a dhèanamh.

09:45

Craig Hoy: Tha sin na adhbhar misneachd. Bha mi airson fois-inntinn fhaighinn nach robh a' bhuidheann a' coimhead a-steach, agus gun robh iad a' dol an sàs taobh a-muigh—tha mi a' faighinn fois-inntinn bhon fhreagairt agaibh.

Thog aithisg earrainn 22 2018-19 cùisean ceannardais agus chomharraich iad gun do

“Dh'adhbharaich sin dìth misneachd agus cultar de dh'ìth earbsa air feadh na buidhne.”

Mar a tha fios againn bho rannsachaidhean eile o chionn ghoirid, chan eil cultar buidhne ag atharrachadh ann an aon latha. Feumaidh an t-atharrachadh sin obair chruaidh agus tòrr oidhirp. Dè an obair a tha am bòrd air a dhèanamh gus earbsa a thogail air ais agus misneachd an luchd-obrach fhaighinn air ais?

Stephen Boyle: Tha mi ag aontachadh leis an anailis agaibh, a Mgr Hoy. Canaidh mi beagan fhaclan, agus is dòcha gum bi Pat Kenny airson cur ri sin leis a' mheasadh aige fhèin.

Tha e uabhasach duilich earbsa fhaighinn air ais ann am buidhnean aon uair 's gu bheil e air a

mhilleadh agus gu bheil e air nochdadh gu bheil easbhadh ann. Ann an aithisg sgrùdaidh 2018-19, dh'innis sinn gun robh Bòrd na Gàidhlig air mì-chonaltradh a dhèanamh leis an luchd-obrach aca agus gun robh easbhadh san ìre gun robh luchd-obrach a' com-pàirteachadh. Bha Pat Kenny ceart, cha robh e dìreach na chùis air an taobh a-staigh, oir bha draghan earbsa ann mu ghnìomhachd a' Bhùird ann am beachd am prìomh luchd-ùidh.

Mar a thuirt Pat o chionn mìonaid no dhà, tha sinn air faicinn gu bheil am bòrd a' measadh ìre com-pàirteachaidh an luchd-obrach tro obair sgrùdaidh agus tha iad ag innse gu bheil leasachaidhean cudromach air tachairt. Tha sinn dà bhliadhna air adhart bhon aithisg sin agus tha sinn a' faicinn adhartas thar grunn raointean, agus tha sinn uile a' cur fàilte air sin.

Ach, tha mi mothachail nach e ùine uabhasach fada a th' ann an dà bhliadhna. Tha e cudromach gu bheil am bòrd ag obair gu math sa mheadhan-ùine agus san fhad-ùine agus gu bheil iad a' cumail suas an gluasad air adhart a tha iad air a thoirt gu buil thairis air an dà bhliadhna a dh'fhalbh. Ged a tha toraidhean nas fheàrr ann san t-suirbhidh luchd-obrach agus conaltradh air a dhol am meud, tha e cudromach gu bheil sin a' leantainn—[*Chan urrainnear a chluinntinn.*—]—ag obair gu math agus luchd-obrach a' faireachdainn gu bheil iad an sàs—[*Chan urrainnear a chluinntinn.*—]—nach eil call earbsa a chaidh aithris roimhe seo a' mairsinn san eòlas a th' aca mar luchd-obrach na buidhne phoblaich seo.

Tionndaidhidh mi gu Pat Kenny a dh'fhaicinn a bheil dad ann a tha e airson a chur ri seo bho—[*Chan urrainnear a chluinntinn.*—]—fhèin le luchd-obrach na buidhne.

Pat Kenny: Chan eil mòran agam ri chur ri beachdan an Àrd-neach-sgrùdaidh a thaobh sin. Is e an co-theacsa gu bheil faisg air trì bliadhna bho thog an sgioba sgrùdaidh agam na cùisean dragh seo, agus tha na trì bliadhna sin air ùine a thoirt don bhuidhinn atharrachaidhean a dhèanamh ann an com-pàirteachadh agus conaltradh. Bha an-còmhnaidh daoine matha sa bhuidhinn—daoine math agus dealasach. San àm a dh'fhalbh, bha dìth eagrachaidh agus dìth mìneachadh soilleir air dreuchdan is uallaichean. Bha na stuthan uile ann o chionn trì bliadhna airson a' bhuidheann a bhith a' coileanadh mar bu chòir dhaibh a bhith a' coileanadh, agus tha na h-atharrachaidhean eagarach a rinn iad air leigeil leotha a bhith a' coileanadh anns an dòigh a bha còir a bhith a' dèanamh bho thùs.

Craig Hoy: Bha e na mhisneachd agus na fhois-inntinn leughadh gun deach measaidhean coileanaidh a thoirt a-steach air feadh na buidhne. Dè a' chuibhreann den luchd-obrach a fhuair

measadh coileanaidh? An d' fhuair sibh cothrom measadh a dhèanamh air èifeachdas a' phròiseis?

Pat Kenny: Tha mi a' smaoinneachadh gu bheil am pròiseas measadh coileanaidh daingnichte air feadh na buidhne airson gach neach-obrach agus ball bùird. Chan eil sinn fhathast air duilgheadasan no draghan sam bith a thogail mu dheidhinn sin, ach cumaidh sinn sùil air.

Is e an rud mòr a tha sinn air a bhith a' putadh a-riamh anns na measaidhean gum bu chòir ceangal soilleir a bhith ann ri builean na buidhne agus KPlan, gu sònraichte do buill a' bhùird. Tha an t-slighe KPI gus coileanadh a mheudachadh na obair a tha fhathast a' dol air adhart, agus tha a' bhuidheann ag aithneachadh gu bheil obair aca ri dhèanamh fhathast ann a bhith a' libhrigeadh builean agus KPlan. Tha ceangal soilleir aig na measaidhean coileanaidh ri sin a thoirt gu buil.

Craig Hoy: A thaobh dùbhlain fastaidh, tha a' chiad phuing san aithisg a' soilleireachadh gu bheil

“am Bòrd air am poileasaidh aca a thaobh fastadh luchd-labhairt na Gàidhlig atharrachadh. Thèid dreuchd a shanasachadh dà uair mus tèid ath-bhreithneachadh a dhèanamh air sgìl riatanach na Gàidhlig.”

Ach, tha riatanas aig a' bhòrd fhathast air luchd-obrach ùr sam bith a thig a-steach don bhuidhinn gealltainn gun ionnsaich iad Gàidhlig mura h-eil Gàidhlig aca mar-thà. Dhòmhsa, sin iarrtas glè reusanta. A bheil fios agaibh a bheil sin air leantainn gu leasachaidhean follaiseach sam bith ann am pròiseas fastaidh a' bhùird?

Stephen Boyle: Tòisichidh mise; mar as àbhaist faodaidh Pat Kenny tighinn a-steach.

Chan eil mi cinnteach a bheil fios againn air sin—cia mheud neach-obrach ris am buin e, no cia mheud neach-ionnsachaidh na Gàidhlig a tha am bòrd air fhadhadh gu dreuchdan nach b' urrainn dhaibh a lionadh no a bha doirbh a lionadh. 'S dòcha gun urrainn dha Pat cur ri sin, ach, an toiseach, tha mi toilichte a ràdh gu bheil soilleireachd ann a-nis mun phuing sin, agus tha e air a bhith comasach aithris gu poblach air mar a tha am bòrd an sàs ann am fastadh.

Ann an còmhraidhean roimhe, chuala sinn, airson cuid de na dreuchdan a bha glèidhte do luchd-labhairt na Gàidhlig, gun robh dìth soilleireachd air cò air an robh uallach airson na dreuchdan a thoirt seachad. Tha sinn fìor thoilichte gu bheil e a-nis soilleir ciamar a bhios am bòrd a' fastadh. Mar as àbhaist, is dòcha gu bheil mion-fhiosrachadh aig Pat air cia mheud neach-obrach ùr a tha sin a' còmhach.

Pat Kenny: Chan eil am fiosrachadh agam, ach 's urrainn dhomh tighinn air ais chun na comataidh leis. Mar a tha an t-Àrd-neach-sgrùdaidh ag ràdh, tha soilleireachd ann a-nis nach robh ann roimhe

seo agus tha sinn toilichte mu sin. Tha e tràth fhathast, ge-tà, agus feumaidh sinn a' bhuidhinn air a' bhuidhinn a sgrùdadh san àm ri teachd. Mar a thuirt mi, tha mi toilichte a thighinn air ais chun na comataidh leis a' mhion-fhiosrachadh.

Craig Hoy: Bheir mi cùisean air ais gu Ridseard Leonard.

An Neach-gairm: Tapadh leibh, Craig. Pat, bhiodh e feumail nam faigheadh sinn am fiosrachadh sin, a chuidicheadh sinn le bhith a' beachdachadh air an aithisg.

Mus gluais mi air adhart, tha rudeigin eile agam ri thogail san raon seo. Thug an t-Àrd-neach-sgrùdaidh iomradh air taisbeanadh 1—an clàr eagrachaidh—mar rud air am bu chòir dhuinn coimhead. Chaidh iomradh a thoirt air a' ghoireas chudromach a bharrachd a tha a-nis sa bhuidhinn às dèidh fastadh stiùiriche conaltraidh is adhartachaidh. Nuair a choimheadas mi air a' chlàr eagrachaidh, ge-tà, chì mi ceannard, gu h-ìosal a tha stiùiriche foghlam Gàidhlig, stiùiriche air planadh cànan agus leasachadh coimhearsnachd, agus ceann ionmhais agus sheirbheisean corporra. Chan eil mi a' faicinn stiùiriche conaltraidh agus adhartachaidh. Nach eil iad aig an aon ìre? Nach eil iad nam pàirt den sgioba-stiùiridh as àirde sin?

Stephen Boyle: Is e an tuigse a th' againn gu bheil àrd-sgioba stiùiridh nas lugha sa bhuidhinn a-nis, agus tha an ìre fodha air a neartachadh agus a' toirt taic dha gus prìomhachasan na buidhne a libhrigeadh. Aig a' cheann thall, tha e an urra ris a' bhòrd fhèin co-dhùnadh dè an dòigh as fheàrr air an structar fhèin agus air riaghailtean agus dleasan luchd-obrach a chur air dòigh. Tha e an urra ris a' cheannard, mar oifigear cunntachail, co-dhùnadh dè an dòigh as fheàrr air structar a' bhùird a libhrigeadh.

Mar luchd-sgrùdaidh, tha sinn air faicinn gu bheil am bòrd air atharrachadh a dhèanamh air an structar aige, a' toirt a-steach comas a bharrachd aig an ìre fon sgioba-stiùiridh gus amasan buidhne a libhrigeadh. Aig ìre cuibheasach tràth, tha e coltach gu bheil sin ag obair gu math, mar a chunnaic sinn ann am fios-air-ais bho luchd-ùidh bhon taobh a-muigh, a tha a' nochdadh beachdan nas fheàrr air a' bhòrd, agus ann am barrachd sàsachd am measg an luchd-obrach.

Ged nach eil an dreuchd air a bheil sibh a' toirt iomradh mar phàirt den sgioba-stiùiridh, tha e follaiseach gu bheil e fhathast na obair chudromach sa bhuidhinn, le buaidh tro loidhnichean aithris don àrd-sgioba stiùiridh. Cha chanainn gu bheil sin a' faireachdainn gur e structar ceàrr a th' ann an sin, no gu bheil easbaidhean ann. Tha e an urra ris a' bhòrd fhèin beachd a ghabhail air càite am bu chòir dreuchdan agus dleasan a bhith suidhichte.

An Neach-gairm: Is dòcha gum b' fhiach beagan cnuasachaidh a dhèanamh air sin.

Tha grunn cheistean aig Sharon Doweay air dreuchdan agus dleasan a thàinig bhon aithisg roimhe agus bhon aithisg as ùire.

Sharon Doweay (Alba a Deas) (Tòr): Thog aithisg earrainn 22 airson 2018-19 cùisean a thaobh

“dith soilleireachd mu na dreuchdan agus na dleasan a th' aig an sgioba-stiùiridh comataidhean, sgioba taic maoineachaidh Riaghaltas na h-Alba agus am bòrd”,

agus le

“buill a' bhùird”

a bhith

“cus an sàs ann an cùisean obrachaidh.”

Tha sinn caran eòlach air sin, le aithisg eile a leugh sinn. Dè an fhianais a tha sibh air faicinn gu bheil am frèam-sgrìobhainn ùraichte air dèiligeadh ris an dith soilleireachd sin?

Stephen Boyle: Bha cion soilleireachd na chuspair cudromach ann an aithisg 2018-19, agus san fhianais a ghabh an t-seann chomataidh bhon bhòrd agus bho sgioba taic maoineachaidh Riaghaltas na h-Alba. Aig cridhe mòran de na cùisean air an tug sinn iomradh roimhe bha dith soilleireachd mu dhreuchdan agus dhleasan, daoine nach robh nan stiùirichean a' gabhail cus pàirt ann an co-dhùnaidhean, agus frèam-sgrìobhainn nach do chuir taic ris na bu chòir do sgioba taic maoineachaidh an Riaghaltas a bhith a' dèanamh.

Tha sinn a' toirt iomradh anns an aithisg as ùire gun deach grunn cheuman a ghabhail a-nis, uile a cheart cho cudromach ri chèile. Tha iad sin a' gabhail a-steach trèanadh do bhuill a' bhùird agus an sgioba-stiùiridh, atharrachadh ann an structar nan comataidhean, agus stèidheachadh comataidh poileasaidh is ghoireasan còmhla ri comataidh sgrùdaidh is dearbhachd. Tha luachadh air na rèiteachaidhean sin fìor chudromach, agus chaidh beagan luachadh fèin-mheasaidh a dhèanamh, le taic bho luchd-measaidh bhon taobh a-muigh, a bharrachd air an ullachadh a tha sa phrògram in-sgrùdaidh. Tha iad sin uile nan comharran adhartais a thaobh mar a tha am bòrd ag ath-obrachadh a rèiteachaidhean air an taobh a-staigh.

Canaidh mi facal mu sgioba taic maoineachaidh Riaghaltas na h-Alba agus mun fhrèam-sgrìobhainn. Aig toiseach na bliadhna an-uiridh, mas math mo chuimhne, sgrìobh àrd-stiùiriche Riaghaltas na h-Alba chun na seann chomataidh mu chuid de na ceumannan a bha an Riaghaltas a' gabhail a thaobh iomchaidheachd nan rèiteachaidhean taic maoineachaidh airson Bòrd na Gàidhlig. Chomharraich an t-àrd-stiùiriche gun

deach beagan trèanaidh is luachaidh a dhèanamh, agus measadh cho-obrachaidh bho sgiobaidhean taic maoinachaidh eile san Riaghaltas air mar a bha taic maoinachaidh ag obair do Bhòrd na Gàidhlig. A-rithist, tha comharran matha ann gu bheil am bòrd a' toirt aire dha-rìribh don chùis agus a' freagairt gu h-ìomchaidh.

Chaidh na feartan sin uile a chur ann am frèam sgrìobhainn ath-sgrùdaichte, agus tha comharran ann gu bheil e ag obair gu math. Tha an sgioba taic maoinachaidh air a làthaireachd chorporra aig coinneamhan bùird a lùghdachadh agus, ged a tha cothrom aca fhathast air aithisgean agus gearr-chunntasan fhaighinn agus gu bheil còmhraidhean iomchaidh aca le cathraiche a' bhùird agus an àrd-oifigear, tha a h-uile soidhne ann gu bheil na ceumannan riatanach a nochd an aithisg roimhe air an gabhail.

Is e ar co-dhùnadh an-diugh gu bheil sin a' toirt na bunait cheart don bhòrd a leigeas leatha gluasad air adhart le rèiteachaidhean riaghlaidh agus taic maoinachaidh èifeachdach. Mar a thuit Pat Kenny, leanaidh sinn oirnn a' cumail sùil agus ag aithris air adhartas. Ach, tha Bòrd na Gàidhlig, na rèiteachadh riaghlaidh agus an dàimh a th' aca ri Riaghaltas na h-Alba, a-nis air ais far an robh còir aca a bhith ron aithisg sgrùdaidh ann an 2018-19.

Sharon Dowey: Dh'fhaighnich Cailean Beattie cuin a bhiodh fastadh airson a' bhùird ùir a' tachairt, agus thuit e gun robh còignear de bhuill a' bhùird an-dràsta air a' bhòrd aig àm an sgrùdaidh mu dheireadh. Dè cho fada 's a tha na buill bùird sin air a bhith an dreuchd? An robh fios agaibh dè cho fada 's a bha iad ann an dreuchd ron sgrùdadh ann an 2018-19?

Stephen Boyle: Bha—tha am fiosrachadh sin ri fhaighinn gu poblach. Chan eil e agam ri làimh an-dràsta, ach tha mi cinnteach gum bi e air a mhìneachadh ann an aithisg bhliadhnail agus cunntasan a' Bhùird agus air an làrach-lìn aca, a bhios mar as trice ag innse cuin a chaidh buill falte a' bhùird a chur an dreuchd, teirm na dreuchd agus cuin a thig e gu crìch. Thig sinn air ais chun na comataidh ann an sgrìobhadh às dèidh na coinneimh gus dearbhadh dè dìreach na buill a chaidh fhadadh air dè na cinn-latha agus cuin a bhios iad deiseil airson ath-shuidheachadh.

10:00

Sharon Dowey: A bharrachd air sin, a rèir cuin a chaidh buill bùird fhadadh, carson nach deach na cùisean sin a thogail na bu tràithe ann an sgrùdadh roimhe? Bha tòrr chùisean ann an sgrùdadh 2018-19, mar sin carson nach deach an togail roimhe seo? Saoil an robh uiread de bhuill ùra air a' Bhòrd, agus an e sin an t-adhbhar nach deach na cùisean a chomharrachadh roimhe seo.

Stephen Boyle: Anns an obair sgrùdaidh againn—is dòcha gum biodh Pat Kenny airson beachd a thoirt air seo cuideachd—tha sinn ag aithris air tachartasan a thig gu ar n-aire rè an sgrùdaidh. A thaobh sgrùdadh 2018-19, thàinig cùisean cudromach am follais anns a' bhliadhna sin, agus chaidh an dòigh sgrùdaidh a leudachadh gus am b' urrainn dhuinn aithris gu poblach air mòran de na cùisean.

'S e buidheann bheag a th' ann am Bòrd na Gàidhlig, ged a tha iad glè chudromach, leis an dreuchd a th' aca. Mar as trice, ann a bhith a' sgrùdadh buidheann bheag, is e an dòigh-obrach againn a bhith a' coimhead air na h-aithrisean ionmhais aca agus taobhan de an riaghladh. Bha Pat Kenny, ann an còmhradh le Sgrùdadh Alba, den beachd gun robh feum againn air dòigh-obrach sgrùdaidh mòran nas fharsainge ann an 2018-19 mar thoradh air na cùisean a bha a' tighinn gu ar n-aire.

Bidh cùisean ag atharrachadh—faodaidh riaghladh gu math seasmhach a bhith aig buidheann a bhios ag obair gu h-èifeachdach gun atharrachadh ann am buill a' bhùird no an sgioba-stiùiridh, ach tachraidh rudan a dh'fhaodadh atharrachadh adhbharachadh. Ged a dh'fhaodas atharrachadh ann am buill bùird a bhith na bhrosnachadh, chan eil sin fìor an-còmhnaidh. Mar as àbhaist, mar a thuit sinn, cumaidh sinn oirnn a' toirt cunntas air adhartas.

Tha mi a' dol a dh'iarraidh air Pat Kenny facal neo dhà a ràdh, nam biodh sin na cuideachadh, mun eòlas aige fhèin air sgrùdadh 2018-19 agus mar a bhùineas e ri aithisg sgrùdaidh na bliadhna-sa.

Pat Kenny: Bha dragh oirnn sna bliadhnaichean roimhe seo agus chaidh an aithris anns an aithisg sgrùdaidh bhliadhnail againn, ach nuair a ràinig sinn sgrùdadh 2018-19, thog na modhan measadh cunnairt againn cùisean iomagain cudromach—tha e coltach gur e “cùisean iomagain” dàn na maidne. Sin as coireach, mar a thuit Stephen Boyle, gun do rinn sinn sgrùdadh fada nas doimhne sa bhliadhna shònraichte sin.

Chan eil mi a' smaoinichadh gun robh ceangal dìreach sam bith ann ri fad seirbheis buill a' bhùird, no ri dè cho fada 's a bha iad air a bhith sa bhuidhinn. Bha feartan eile sa chùis, a tha gar toirt air ais gu dìth soilleireachd bhunaiteach ann an dreuchdan agus dleastanasan mar am prìomh adhbhar croin. Mar a thuit mi, thug sin oirnn sgrùdadh fada nas fharsainge a dhèanamh ann an 2018-19.

Sharon Dowey: Tha a' chomataidh mothachail ged nach fheum roinn taic maoinachaidh Riaghaltas na h-Alba a bhith an làthair aig coinneamhan a' bhùird, gu bheil iad a' faighinn

cuireadh. A rèir na leugh mi san aithisg, ged a fhuair an roinn cuireadh gu na coinneamhan agus a fhuair iad geàrr-chunntasan bhuapa, nach do leugh i na geàrr-chunntasan sin.

Stèidhichte air na cùisean dona a chaidh a chomharrachadh o chionn dà bhliadhna, am biodh e ciallach nam biodh an roinn taic maoineachaidh an làthair aig co-dhiù cuid de na coinneamhan, no a h-uile coinneamh, gus sealltainn gu bheil iad dealasach a thaobh taic a thoirt don bhòrd agus gus astar an atharrachaidh a chumail suas?

Stephen Boyle: Nam bheachd-sa, tha feum air cothromachadh nuair a thathar a' beachdachadh am bu chòir an sgioba taic maoineachaidh a bhith ri fhaicinn aig coinneamhan a' bhùird no eile. Bu chòir co-dhùnadh a ruighinn ann an còmhraidhean eadar a' bhuidhinn phoblaich agus an sgioba taic maoineachaidh.

Mar a chunnaic sinn ann an cùisean eile, faodaidh an sgioba taic maoineachaidh a bhith a' gabhail cus gnothaich, no gun a bhith a' gabhail gu leòr. Bu chòir dèanamh cinnteach gu bheil an cothromachadh ceart an urra ri co-dhùnadh ath-aithriseach, a rèir meud nan duilgheadasan anns a' bhuidhinn phoblaich, agus bu chòir sin a sgrùdadh gu cunbhalach. Chan urrainnear pròiseasan agus dùbhlain buidhne a thomhas ach gu ìre bho na geàrr-chunntasan agus pàipearan bùird a-mhàin, agus mar sin bhiodh buannachd ann a bhith an làthair aig cuid de choinneamhan bùird. Ach, ma dh'fhaodte ma tha sgioba taic maoineachaidh aig coinneamhan a' bhùird an-còmhnaidh gun tig neo-shoilleireachd air riarachadh uallaichean, ma chithear nach urrainn don oifigear cunntachail agus cathraiche a' bhùird an dleastanasan a choileanadh gun a bhith fo riaghladh an sgioba taic maoineachaidh. Tha e an urra ri dè as freagarraich airson gach suidheachadh, agus feumar dòigh-obrach ath-aithriseach a chleachdadh gus taic a thoirt do leasachadh na buidhne.

An Neach-gairm: Tha cuid de cheistean aig Uilleam Ó Cobhthaigh a nì barrachd sgrùdaidh air cuid de na raointean sin, ann an co-theacs fosgarrachd agus follaiseachd. Tapadh leibh, Uilleim.

Uilleam Ó Cobhthaigh (Cille Mheàrnaig agus Srath Irbhinn) (SNP): Madainn mhath, a h-uile duine.

An toiseach, tha mi airson a ràdh gur math a rinn am bòrd. Tha cuimhne agam air an t-seisean aig a' chomataidh a bh' againn roimhe le Bòrd na Gàidhlig; b' e seisean duilich a bh' ann dhaibhsan a bha nam buill den bhòrd aig an àm sin. Tha e cudromach aithneachadh an adhartais a chaidh a dhèanamh, mar a chaidh a nochdadh ann an aithisg an Àrd-neach-sgrùdaidh, agus mar sin tha

mi ag ràdh gur math a rinn an cathraiche agus an ceannard.

Tha ceist no dhà agam air cuspair fosgarrachd agus follaiseachd. Àrd-neach-sgrùdaidh, cuimhnichidh sibh, dìreach o chionn bliadhna no dhà, nach robhar a' coinneachadh ris na prionnsapalan bunaiteach sin idir. Tha sinn fhathast a' faighneachd carson nach do thog an roinn taic maoineachaidh na cùisean sin. A dh'aindeoin sin, an urrainn dhuibh a ràdh a bheil pàirt ghnìomhach air a bhith aig an roinn taic maoineachaidh ann a bhith a' dèiligeadh ris na cùisean seo agus an do chuidich iad a dh'ionnsaigh an adhartais a chunnaic sinn?

Stephen Boyle: Tha sinne, cuideachd, a' cur fàilte air an adhartas a chaidh a dhèanamh, gu sònraichte a thaobh fosgarrachd agus follaiseachd. Iarraidh mi air Graeme Greenhill beagan a bharrachd a ràdh mu àite an sgioba taic maoineachaidh agus an ìre gu bheil sin air buaidh a thoirt air cuid de na ceumannan a tha sinn air fhaicinn a thaobh fosgarrachd agus follaiseachd.

An-diugh, tha sinn ag aithris gu bheil atharrachadh mòr air a bhith ann a thaobh fosgarrachd agus follaiseachd na buidhne poblach seo, rud nach robh follaiseach anns an fhios-air-ais a fhuair iad roimhe bhon phrìomh luchd-ùidh aca. Faodaidh sin a bhith airson measgachadh de dh'adhbharan. Mar eisimpleir, is dòcha air sgàth, rè a' ghalair lèir-sgaoilte, gu bheil sinn uile air a bhith ag obair ann an dòigh nas fhaicsinniche tro bhith a' cleachdadh teicneòlas gus coinneamhan poblach a shruthadh, mar a tha sinn a' dèanamh an seo an-diugh, no dh'fhaodadh gur e freagairt nas mothachail a th' ann don aithisg sgrùdaidh roimhe. Is dòcha gum bi Graeme Greenhill agus Pat Kenny airson beachd a thoirt air sin.

Mar a chunnaic sinn, tha coinneamhan comataidh agus coinneamhan bùird-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig a-nis rim faighinn gu poblach; tha sinn a' cur fàilte air adhartas a' Bhùird agus ga mholadh airson an atharrachaidh sin. Bho bhith nam buidheann nach do rinn an gnothach gu fosgailte agus gu follaiseach, tha iad air gluasad air adhart gu bhith mar aon de na buidhnean poblach as fhosgailte agus as soilleire ann an Alba a thaobh mar a tha iad a' coileanadh an dleastanasan, agus mar sin tha fìor mhothachadh ann air adhartas.

Tha mi a' dol a dh'iarraidh a-nis air Graeme Greenhill beachdan sam bith a th' aige a thoirt seachad air a' bhuidhne a bh' aig an Riaghaltas a thaobh sin.

Graeme Greenhill (Sgrùdadh Alba): Mar a thuirt Stephen Boyle na bu thràithe, tha e cudromach gum bi an roinn taic maoineachaidh ag obair ann an dòigh a tha iomchaidh agus

stèidhichte air measadh cunnairt. Tha obair na roinne—còmhla ri Bòrd na Gàidhlig fhèin—ann an ath-sgrùdadh an fhèam-sgrìobhainn air a bhith na phrìomh cheum ann a bhith a' leigeil leotha ath-bheachdachadh air an dòigh sa bheil iad a' cur ri gnìomhachd a' Bhùird.

Às dèidh an sgrùdadh a rinn an t-seann chomataidh agaibh air aithisg earrainn 22 2018-19, tha an roinn air làn chonaltradh a dhèanamh ris a' Bhòrd. Uile gu lèir, tha mi a' smaoinichadh gun urrainn dhuinn a ràdh gu bheil an roinn taic maoinichaidh air làn phàirt a ghabhail ann a bhith a' toirt taic don bhòrd gus a clàr leasachaidh aca a thoirt air adhart.

Uilleam Ó Cobhthaigh: Àrd-neach-sgrùdaidh, 's dòcha gu bheil cuimhne agaibh bhon t-seisean fianais leis an t-seann chomataidh againn gun tuit an t-àrd-stiùiriche airson foghlam, coimhearsnachdan agus ceartas gum faodadh gum biodh barrachd

“cothrom ann don Riaghaltas ... airson barrachd com-pàirteachaidh”

a dhèanamh gu dìreach leis a' choimhearsnachd Ghàidhlig

“gus am beachdan a thomhas air”—[*Aithisg Oifigeil, Comataidh Sgrùdadh Poblach agus Iar-reachdail*, 4 Màrt 2021; c 11.]

a' bhòrd agus an dàimh riutha. An do thachair sin? An deach sin a thogail gu nàdarach mar thoradh air an obair sa phlana gnìomha air an robh am bòrd ag obair o chionn ghoirid?

Stephen Boyle: Chan eil mi cinnteach an aithne dhomh gu mionaideach mu eadar-obrachadh an Riaghaltais, a bharrachd air gnìomhachd a' Bhùird fhèin. Tha mi a' dol a dh'iarraidh air Graeme Greenhill agus Pat Kenny a thighinn a-steach ma tha dad aca ri chur ri seo mun taobh sin den ghnòthach agus far an robh e sa phlana gnìomha.

A thaobh obair a' bhùird, tha conaltradh le luchd-ùidh air a bhith na phrìomh phàirt den adhartas a chunnaic sinn. Na bu thràithe air a' mhadainn, thuirt Pat Kenny gu bheil cuid den fhios-air-ais agus freagairtean suirbhìdh a fhuair am bòrd co-cheangailte ri com-pàirteachadh leis a' phrìomh luchd-ùidh aca air piseach fhaicinn anns an dà bhliadhna gu leth gu trì bliadhna mu dheireadh. Tha fàilte air sin, oir tha sibh ceart a ràdh gur e prìomh chuspair nan seiseanan fianais a bh' ann roimhe air a' chuspair seo dì-cheangal no briseadh anns a' chàirdeas le prìomh luchd-ùidh. Is e comharra adhartais soilleir eile a' mhisneachd agus earbsa a tha a' fàs eadar am bòrd agus am prìomh luchd-ùidh aige.

Tha adhartas mar seo cudromach, leis gu bheil a' bhuidheann a' cosg timcheall air £5.5 millean no £6 millean sa bhliadhna, le beagan a bharrachd air

£1 millean de sin air cosgaisean sgioba-obrach. Is e buidheann tabhartais a th' ann sa mhòr-chuid a tha a' toirt taic do bhuidhnean eile a tha a' coileanadh gnìomhan gus taic a thoirt don Ghàidhlig. Tha an dàimh a th' aig a' bhòrd leis na buidhnean sin deatamach gus an tèid aca air an adhbhar a choileanadh agus tha comharra adhartais ann a thaobh sin.

A bheil dad aig Graeme Greenhill no Pat Kenny ri chur ris an fhiosrachadh air na tha an Riaghaltas air a dhèanamh a thaobh sin?

Graeme Greenhill: Cha chreid mi gun urrainn dhomh eisimpleirean sònraichte a thoirt seachad. Pat, a bheil dad ann as urrainn dhuibhse a chur ris?

Pat Kenny: Chan eil dad agam ri chur ris a thaobh mion-fhiosrachadh mun Riaghaltas no dreuchd an roinn taic maoinichaidh. Ach, is urrainn dhomh dearbhadh don chomataidh gu bheil sinn air leasachaidhean mòra a mhothachadh a thaobh mar a bhios a' bhuidheann a' com-pàirteachadh le luchd-ùidh bhon taobh a-muigh. Bheir mi beagan eisimpleirean seachad: tha coinneamhan mìosail gan cumail leis na prìomh bhuidhnean Gàidhlig leithid MG Alba; tha deagh cho-chomhairle air a bhith ann air mar a tha a' Ghàidhlig a' toirt buaidh anns na tràth-bhliadhnaichean agus a thaobh òigridh na h-Alba; agus, mar a thuirt mi na bu thràithe, tha cleachdadh nam meadhanan sòisealta air a thighinn air adhart gu mòr, mòr.

Rinn a' bhuidheann suirbhìdh de luchd-ùidh bhon taobh a-muigh, agus bha na toraidhean brosnachail. A dh'aindeoin mion-fhiosrachadh a thaobh na roinn taic maoinichaidh, tha a' bhuidheann air fad air gluasad air adhart a thaobh mar a bhios iad a' conaltradh le luchd-ùidh agus tha adhartas mòr air a bhith ann a thaobh sin.

Uilleam Ó Cobhthaigh: Tha e math sin a chluinntinn. Tha na ceistean agam mu dheidhinn mar a bhios sinn a' conaltradh leis a' choimhearsnachd Ghàidhlig san fharsaingeachd, a tha na phrìomh phàirt de bhith a' dèanamh adhartas. Tha mi a' smaoinichadh gu bheil a h-uile duine ag aithneachadh sin, agus tha e coltach gun deach adhartas mòr a dhèanamh.

A thaobh a' phlana leasachaidh leantainneach o chionn ghoirid, an robh conaltradh dìreach ann le luchd-ùidh na Gàidhlig agus coimhearsnachd na Gàidhlig, neo an deach am bòrd tron phròiseas leotha fhèin gus am plana a libhrigeadh? Tha e cudromach gum bi am bòrd a' conaltradh, a' dol an sàs agus ag obair còmhla ris a' choimhearsnachd san fharsaingeachd, agus a' faighinn aonta ris a' phlana. An robh fianais ann gun do thachair com-pàirteachadh mar sin?

Stephen Boyle: Tha mi toilichte tòiseachadh, agus iarraidh mi air Pat Kenny thighinn a-steach.

Mar a chaidh a ràdh, chaidh adhartas a dhèanamh air 71 de na 72 molaidhean. Tha sin na fhìor fhianais air com-pàirteachadh brìoghmhor cunbhalach le buidhnean Gàidhlig, a' gabhail a-steach an fheadhainn a gheibh maoiniachadh bhon bhòrd. Tha iad sin nan comharran adhartais. Ach, tha e cudromach cuideachd mar a tha an com-pàirteachadh sin ga leudachadh gu bhith a' faighinn bheachdan dhaoine nach eil air an riochdachadh, no nach eil nam buill de bhuidhnean.

Chan e rabhadh a tha seo, ach chanainn gu bheil am pàipear-taice don aithisg air KPlan a' Bhùird a' sealltainn nach deach coinneachadh riutha uile ann an 2020-21. Tha e soilleir gu bheil pàirt aig a' ghalair lèir-sgaoilte—bidh e air an dòigh sa bheil am bòrd a' dol an sàs gu dìreach leis a' choimhearsnachd Ghàidhlig atharrachadh, oir bidh na cuingeadan air bacadh a chur air comas a' Bhùird cuid den obair sin a dhèanamh. Mar a bhios e comasach dhaibh sin a dhèanamh, is dòcha le bhith a' cleachdadh dòighean conaltraidh eile, bidh e an urra ris a' bhòrd co-dhùnadh ciamar a gheibh iad fios-air-ais agus ruigsinneachd a leudachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil na tabhartasan agus am maoiniachadh a bheir iad seachad a' toirt na buaidh as motha.

Stadaidh mi airson mionaid gus faicinn an urrainn dha Pat Kenny cur ris an fhreagairt sin a thaobh an robh am bòrd comasach air bruidhinn gu dìreach ri coimhearsnachd na Gàidhlig taobh a-muigh a' cho-obrachaidh le MG Alba agus buidhnean eile a tha a' faighinn thabhartasan.

10:15

Pat Kenny: Tillidh mi chun chiad cheist aig Mgr Ó Cobhthaigh. Bha pròiseas dà-thaobhach anns a' phlana leasachaidh. Chomharraich am plana leasachaidh agus a' chiad sgrùdadh duilgheadas le com-pàirteachadh le luchd-ùidh bhon taobh a-muigh agus gum feumadh a' bhuidheann an dòigh-obrach aca a leasachadh. Ghabh a' bhuidheann ri sin agus dh'fheuch i dha-rìribh ris an dòigh-obrach aca a leasachadh gu mòr. Bha a' chiad phlana leasachaidh na stiùireadh airson sin ach tha a' bhuidheann airidh air moladh airson na h-oidhirp a rinn iad agus a bhith ag obair gu cruaidh gus atharrachaidhean mòra a dhèanamh air mar a bhios iad an sàs le luchd-ùidh bhon taobh a-muigh.

Chan eil dragh sam bith oirnn a-nis. Tha Bòrd na Gàidhlig a' dèanamh na bu chòir dhaibh a bhith a' dèanamh, ach, le bhith ag innse na firinne, 's e sin a bha còir aca a dhèanamh bho thùs.

Uilleam Ó Cobhthaigh: A bheil am bòrd air misneachd an luchd-ùidh fhaighinn air ais mar thoradh air an obair mhath a chaidh a dhèanamh?

Stephen Boyle: Tha am fios-air-ais a fhuair am bòrd bhon luchd-obrach agus am prìomh luchd-ùidh leis a bheil iad ag eadar-obrachadh gu cinnteach a' nochdadh sin. Tha na h-ìrean sàsachaidh aca fada nas fheàrr na bha iad.

Chan eil e a-riamh air a ghealltainn, Mgr Ó Cobhthaigh. Feumaidh am bòrd cumail orra ag obair gu cruaidh le a cho-obraichean air an taobh a-staigh agus leis na buidhnean a tha iad a' maoiniachadh gus dèanamh cinnteach gun dèan iad a h-uile rud a bu chòir dhaibh agus gun coinnich iad ris na thathas a' sùileachadh bhuapa. Ged a tha iad air faighinn air ais gu far am bu chòir dhaibh a bhith, mar a thuirt Pat Kenny, chan fhaod sinn a bhith somalta. Feumaidh sinn cumail oirnn ag obair gu cruaidh, a' dol an sàs agus a' dèanamh cinnteach gu bheil am bòrd a' libhrigeadh a chomharran coileanaidh agus na tha aca ri dhèanamh gus taic a thoirt do choimhearsnachd na Gàidhlig.

Uilleam Ó Cobhthaigh: Is e deagh fhreagairt a tha sin agus na faclan glic àbhaisteach bhon Àrd-neach-sgrùdaidh. Is math a rinn am bòrd. Fìor mhath.

An Neach-gairm: Mus cuir sinn crìoch air an t-seisean fianais seo, tha aon rud eile ris a bheil mi airson suathadh gu luath. Is e aon de na cuspairean a tha a' nochdadh a-rithist is a-rithist ann an obair na comataidh agus nan seann chomataidhean a thàinig roimhe, buidhnean nach eil a' coinneachadh ris na h-inbhean ris a bheil sinn an dùil air sgàth 's nach eil iad a' planadh nam feumalachdan sgioba-obrach aca airson an latha an-diugh agus an ama ri teachd.

Tha cuimhne agam gun do chomharraich aithisg 2018-19 air Bòrd na Gàidhlig dìth planadh sgioba-obrach agus cus dhreuchdan bàna mar chùisean a bha air am faicinn mar phàirt de na duilgheadasan bunaiteach a bha romhpa. Càite a bheil cùisean le planadh sgioba-obrach a-nis? A bheil leasachaidhean air a bhith ann? A bheil prìomhachasan sgioba-obrach sam bith eile air am feum am bòrd beachdachadh?

Stephen Boyle: Tha, tha leasachaidhean air a bhith ann. Tha plana sgioba-obrach aig a' bhòrd a-nis a tha ceangailte ri plana corporra.

Mar a chaidh a ràdh na bu tràithe, thig a' bhuidheann air adhart bhon phlana leasachaidh, a bha mar fhreagairt do na sgrùdaidhean roimhe, gu bhith na leasachadh leantainneach. Tha sgioba-obrach na phàirt de sin. Còmhla ri plana sgioba-obrach sònraichte, tha sinn cuideachd air bruidhinn mun bhuidhinn a bhith a' cleachdadh dòigh-obrach ath-sgrùdaichte a thaobh nan dreuchdan a tha doirbh a lìonadh agus a' leudachadh nan dreuchdan sin gu luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig seach fileantaich a-mhàin.

Feumaidh buidheann sam bith am plana sgioba-obrach aca a chumail fo sgrùdadh leantainneach gus am bi am freagairt do thachartasan agus am planadh airson an ama ri teachd ceangailte ri mar a libhrigeas iad seirbheisean agus mar a libhrigeas iad iad san àm ri teachd. Chan e buidheann mhòr a th' ann am Bòrd na Gàidhlig agus, air sgàth nàdar an libhrigeadh sheirbheisean, tha e do-sheachanta gum bi e an urra ri prìomh luchd-obrach. Tha planadh leantainneachd na phrìomh phàirt de dhealbhachd sgioba-obrach. Far a bheil e comasach, bu chòir don bhòrd coimhead ris an àm ri teachd, beachdachadh air pròifil aoise agus àrd-amasan dreuchd a luchd-obrach agus na feartan sin uile a cheangal gus am bi plana sgioba-obrach a' toirt taic do leasachadh agus libhrigeadh.

Ann am beagan fhaclan, a neach-gairm, tha fìor chomharran adhartais ann leis gu bheil plana sgioba-obrach aig a' bhòrd, a tha na phrìomh phàirt de na co-dhùnidhean aca airson an ama ri teachd.

An Neach-gairm: Tha am beachd dòchasach sin a' crìochnachadh ceistean na comataidh. Tha mi a' toirt taing don Àrd-neach-sgrùdaidh, Graeme Greenhill agus Pat Kenny airson a thighinn còmhla rinn gus an cuid fianais agus lèirsinn a thoirt seachad air an adhartas a chaidh a dhèanamh le Bòrd na Gàidhlig.

Tha mi a-nis a' toirt chùisean gu crìch agus a' cur dàil air a' choinneamh airson ùine ghoirid.

10:21

Dàil coinneimh.

Seo dreachd den *Aithisg Oifigeil* agus gabhaidh i ceartachadh eadar foillseachadh agus a bhith air a cur san tasglainn, a thachras gun a bhith nas fhaide na 35 às dèidh ceann latha na coinneimh. Gheibhear an tionndadh as ùire aig: www.parliament.scot/officialreport

Bu choir Buill agus daoine eile a ghabh pàirt sa choineimh fios a chur chun na h-Aithisg Oifigeil.

An Aithisg Oifigeil
Seòmar T2.20
Pàrlamaid na h-Alba
Dùn Èideann
EH99 1SP

Post-d: official.report@parliament.scot
Fòn: 0131 348 5447
Facs: 0131 348 5423

Is e an ceann-latha airson ceartaichean dhan eagan seo:

Dimàirt 15 Gearran 2022

Air fhoillseachadh ann an Dùn Èidean le Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba, Pàrlamaid na h-Alba, Dùn Èideann EH99 ISP

Gheibhear a h-uile sgrìobhainn air làrach-lìn Pàrlamaid na h-Alba aig:

www.parliament.scot

Information on non-endorsed print suppliers is available here:

www.parliament.scot/documents

Airson fios mu Phàrlamaid na h-Alba, cuir fios gu Fiosrachadh a' Phobaill air:

Fòn: 0131 348 5000

Fòn-teacsa: 0800 092 7100

Post-d: sp.info@parliament.scot

